

## **Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid, 7mh dhen Ghearran 2021**

### **Ùrnaigh aig 7f**

Tha sinn a' feitheamh aig an àm seo. Maille ri gach neach nar coimhearsnachd agus nar dùthaich, tha sinn a' feitheamh ri ath-nuadhachadh na beatha nar teaghlachan agus nar coimhearsnachdan. Tha sinn uile a' fàs sgìth, oir tha sinn air a bhith a' feitheamh nas fhaide na bha sinn an dùil nuair a thòisich an galar a sgapadh an tòiseach.

Tha am fàidh Isaiah a' labhairt ri sluagh a bha a' feitheamh, agus a bha air a bhith a' feitheamh na b' fhaide na bha iad an dùil (Isaiah 40: 21 - 31). Bha iad air fàs sgìth. Thàinig facal an Tighearna thuca tron fhàidh, agus fhuair iad sealladh air "an Dia bithbhuan, an Tighearna, Cruithear crìochan na talmhainn," esan nach fann agus nach sgìth. Fiù 's anns na h-amannan as fhaide, tha facal an Tighearna a' labhairt riuthasan a tha anfhann agus a tha gun lùth, leis an dearbhadh seo:

"Iadsan a dh'fheitheas air an Tighearna, gheibh iad spionnadh nuadh; èiridh iad suas mar iolair air a sgiathan; ruithidh iad agus cha bhi iad sgìth, siùbhlaidh iad agus chan fhàs iad fann." (Isaiah 40: 31)

Tha sinn a' feitheamh, agus chan ann gu dìomhain.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bhithbhuan,  
Cruithear crìochan na talmhainn,  
Tha sinn a' feitheamh  
agus ag aideachadh gu bheil sinn a' fàs sgìth.  
Labhair rinn agus èist ri ar gaoir.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bhithbhuan,  
Cruithear crìochan na talmhainn,  
Tha sinn a' feitheamh  
agus tha sinn fann, gun lùth.  
Tog suas an fheadhainn a tha sàraichte, agus deònaich neart dhan fheadhainn  
a tha anfhann.

A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bhithbhuain,  
Cruithear crìochan na talmhainn,  
Tha sinn a' feitheamh  
agus tha sinn a' cluinntinn mac-talla d' Fhaclain nar cridheachan.  
Deònaich dhuinn gràs aig an àm seo, agus creideamh nad ghealladh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bhithbhuain,  
Cruithear crìochan na talmhainn,  
Tha sinn a' feitheamh  
agus a' guidhe ort gun tèid do ghealladh a choilionadh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bhithbhuain,  
Cruithear crìochan na talmhainn,  
Tha sinn a' feitheamh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,  
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte  
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam  
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an  
Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan  
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais  
Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla  
ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)